

# Soiridh

le Aonghas Mór MacCoinnich †1858

Ochan 's gur mise tha fo mhulad,  
An-diugh 's an-dé 's gach latha ri tuireadh,  
Cuimhneachadh Albainn a dh'fhàg mi 'n-uiridh  
B' òg bha mi 'ga falbh le mo ghunna.

Gur ann 'siud bha 'n àbhachd ainmeil,  
'S iomadh latha riamh dhearbht' e,  
Silidh na Féinne thar geur luchd seanchais,  
Fhinn is Oisean 's Osgair chalma.

'S ged 'ghabh mise mi chead buan dhith,  
'S ged 'gabh mi an t-aiseag thar a' chuan uaip'  
'S tric mi 'smaoineachadh an uaigneas,  
Cuimhn'chadh air a Gleanntaibh uaine.

'S gum b' iad siud Glinn an arain,  
Glinn an ime, Glinn a' bhainne,  
Glinn chruidh-laoigh air àirigh bharrach,  
Far am bi 'n damh dearg a' langan.

'S òg thug mi gaol don t-sealgach,  
'Bhith 'g éirigh moch 's tighinn dachaidh anmoch,  
Siubhal sléibhtibh bheannta garbhlaich,  
Le gunna caol nan gleus neo-cheurbach.

'S beag an t-ioghnadh mi 'bhith fo airteal,  
Cuimhn'chadh air gach beus a chleachd mi,  
Falbh gu h-uallach bheann is chreachann,  
'S a' fàgail mac na h-éild' gun astar.

Ach 's e a thogadh sunnd air m' aigneadh,  
Ceadh 'bhith 'g éirigh anns a' mhadainn,  
Shealg an fhéidh mar a chleachd mi,  
'S 'dubh nam bann' fo sgeòd mo bhreacain.

Bhon 's tric loisg mi leatha fùdar,  
Beul glaic nam fuaran dubh-ghorm,  
'S peilear teann 'na com nach diùltadh,  
Toll a thoirt air bian an udlaich'.

Ach bhon a leig mi dhìom an èalaidh,  
'S nach dirich mi beinn no bealach,  
Bithidh mo ghunna caol gun leannan,  
Té mo ghaoil nach d' rinn mo mhealladh.

Ach 's tric mi smaointinn le airteal,  
Air na càirdibh dh'fhàg mi 'n tasgaidh,  
An cistibh caola fo na leacaibh,  
Thall thar cuan nan stuadhaibh farsainn.

Dh'fhàg siud m' inntinn cho luaineach,  
Ris a' ghaoith 'bhios air na cuaintibh,  
Cuimhn'chadh air gach ni le 'luasgan,  
Gun fhios càite an doirear uaigh dhomh.

Ach mìle beannachd bhuam gu m' chàirdibh,  
'S mìle beannachd thar an t-sàile,  
Dh'ionnsaigh 'n àite an deachaidh m' àrach,  
Bràigh Loch Abar nam beann àrda.

B' e siud dùthaich nan sàr-ghaisgeach,  
Dh' am math thig féileadh is breacan,  
Osan teann fo ghlùn le gartan,  
'S brògan sùbailt' chum an astair.

'S tric a thog iad piob is bratach,  
Bho Cheann Loch Iall gu Bràigh Loch Airceig,  
'S bho thaobh Loch Lòchaidh mhóir nam bradan,  
Mach Gleann Spiathain gu Ceann Loch Lagain.

Ge b' e thachradh oirbh an uair sin,  
Ur fuil dearrsadh àrd 'nur gruaidhean,  
Bhiodh ur nàimhdean 'gan ruith 's 'gan ruagadh,  
An déidh sgiùrsadh le lannaibh cruadhach.